

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## Gàidhlig deatamach do dh'Alba

### 18 An Lùnastal 2011

Tha 81% den mhòr-shluagh ann an Alba den bheachd gu bheil e cudromach nach caillear dualchas na Gàidhlig a-rèir rannsachadh ùr a tha air fhoillseachadh an-diugh.

Tha an aithisg, Beachdan a' Mhòr-Shluagh air Gàidhlig (Public Attitudes Towards the Gaelic Language) a' dèiligeadh ri iomadach ceist co-cheangailte ris a' chànan, mar cleachdadh, teagasg agus dualchas. Tha an aithisg a' mìneachadh gu bheil:

- 65% den bheachd gum bu chòir barrachd a dhèanamh airson Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Alba
- 81% den bheachd gu bheil e cudromach nach cail Alba dualchas na Gàidhlig
- 70% den bheachd gum bu chòir barrachd chothroman a bhith ann airson Gàidhlig ionnsachadh
- 90% den bheachd gum bu chòir Cnuasachadh na h-Alba (Scottish Studies) a theagasg ann an sgoiltean
- 53% airson Gàidhlig a bhith nas follaisiche air feadh Alba

Thuir am Ministear airson Gàidhlig, Alasdair Allan:

"Airson uine fhada tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith den bheachd gu bheil Gàidhlig air leth cudromach a thaobh dualchas, cultar, turasachd agus an àrainneachd 's tha an rannsachadh seo a' sealltainn gu bheil a mhòr-chuid air feadh Alba ag aontachadh.

"Chan e a-mhàin gu bheil taic ann an àitichean far an robh Gàidhlig riabh roimhe ach, ach cuideachd air feadh na dùthcha. 'S e deagh chomharra a tha seo airson luchd-obrach a tha air a bhith ag obair cho dìcheallach airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig fhathast na pàirt cudromach de dh'Alba an latha an-diugh.

"Tha na co-dhùnidhean bho na ceistean air foghlam gu h-àraid inntinneach 's iad a' sealltainn gu bheil an t-uabhas taic ann airson Gàidhlig a theagasg mar chuspair fa leth. 'S gu ìre nas mòtha, tha taic ann airson Cnuasachadh na h-Alba a thogail mar chuspair ùr.

"Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach ann a bhith a' leasachadh dòighean ionnsachaidh sònraichte airson fòcas a chur air eachdraidh na h-Alba, litreachas, cànan agus cultar. Bidh mi fhèin nam chàthraiche air buidheann obrach airson seo anns na seachdainean romhainn.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



"Tha sinn a-nis soilleir mun àite a th' aig Gàidhlig ann an 2011 's bidh mise ag obair gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig, Foghlam Alba agus prìomh bhuidhnean eile airson Gàidhlig a neartachadh airson dèanamh cinnteach gum bi i ann an deagh shuidheachadh san àm ri teachd."

Thuirte Cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Art MacCarraig:

"Tha an rannsachadh seo a' dearbhadh co-dhùnaidhean bho sgrùdaidhean eile. Gach turas a tha ceistean gam faighneachd dhan mhòr-shluagh, tha a' chuid as motha a' cur taic ris a' Ghàidhlig agus ag aithneachadh gu bheil feum air barrachd chothroman airson Gàidhlig ionnsachadh. Tha a' mhòr-shluagh cuideachd air a bhith cunbhalach le beachd nach bu chòir Alba dearbh-aithne na Gàidhlig a chall. Tro Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus ceumannan eile, bidh Bòrd na Gàidhlig a' leantainn le bhith a' cur taic ris a' Ghàidhlig mar chànan airson Alba gu lèir."

"The seo a' ciallachadh gun fheum Gàidhlig a bhith fosgailte do neach sam bi a tha airson a h- ionnsachadh anns an sgoil neo taobh a-muigh na sgoile, tro na h-ealain 's na meadhanan, neo Gàidhlig a chleachdadh aig an taigh agus 's a choimhearsnachd. Tha pàirt cudromach aig ùghdarasan ionadail agus buidhnean poblach, le cuideachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig soirbheachail ann an àite sam bith air feadh na dùthcha far a bheil iarrtas ann a' chànan ionnsachadh neo a chleachdadh."

Thuirte an neach-ionnsachaidh Daibhidh Mac an t-Sutharlanaich,

"Tha na clasaichean Ùlpan a tha rim faotainn airson luchd-obrach Comhairle Bhaile Ghlaschu air a bhith spòrsail 's aig an aon àm uabhasach èifeachdadh mar dhòigh cànan ionnsachadh, a tha cuid a' cumail a-mach a tha gu math doirbh."


"Chan robh èolas sam bith air Gàidhlig aig a mhòr-chuid ro-làimh 's mar sin tha e iongantach mar a tha iad a-nis a' bruidhinn agus a' tuigsinn na tha daoine eile ag ràdh ann an ùine ghoirid. Tha na clasaichean air a bhith uabhasach cuideachail, a' neartachadh na dh'ionnsaich mi ann an clasaichean gràmair a bharrachd air stòr fhaclan ùr agus misneachd a thaobh bruidhinn a thoirt dhomh."

Tha rannsachadh a' dearbhadh gu bheil tha maoin Gàidhlig buannachdail do dh' eaconamaidh na h-Alba air fad. A bharrachd air a bhith ag àrdachadh ar cliù air feadh an t-saoghal airson cultar agus obair chruthachail, tha e a' cruthachadh cothroman cosnaidhair feadh Alba agus a' cuideachadh coimhearseachdan dùthchail.

Mar eisimpleir:

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



288 obair FTE, £7.9m teachd-a-steach airson luchd-obrach agus a' buinnig còrr is £12m tro mhaoin do MG Alba £2 millean dìreach bho Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus £1 millean eile a bharrachd air sin an dòighean eile

Tha toradh nan deuchainn mu dheireadh a' sealltainn gu bheil àireamhan airson Gàidhlig aig Àrd Ìre air a dhol suas le 80% a-nis a dèanamh a' chùis air na deuchainn. 'S e seo cuideachd a' chiad turas a bha teisteanas sam bi aig Àrd Ìre ri fhaotainn anns a' Ghàidhlig. Ghabh aon neach deug bho Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu matamataig aig Àrd Ìre far an robh na ceistean uile ann an Gàidhlig. Rinn 90.9% a' chùis an seo.

Tha làrach-lìn Com-pàirteachas airson Foghlam aig Riaghaltas na h-Alba a' toirt cothrom do dhaoine bho Mhinistearan a leughadh agus beachdan ceangailte ri foghlam a thoirt seachad

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## Gaelic vital to Scotland

**18 August 2011**

Eighty-one per cent of the Scottish public feel it is important that Scotland does not lose its Gaelic language traditions according to new research published today. The report, *Public Attitudes Towards the Gaelic Language*, covers a variety of questions related to the language, including current usage, teaching and its heritage. Key findings include:

- 65 per cent thought more should be done to promote Gaelic in Scotland
- 81 per cent feel it is important that Scotland does not lose its Gaelic language traditions
- 70 per cent thought there should be more opportunities to learn Gaelic
- 90 per cent thought pupils should be taught Scottish studies
- 53 per cent would like to see more Gaelic in Scottish life

Minister for Gaelic Alasdair Allan said:

"The Scottish Government has long believed in the importance of Gaelic to our heritage, culture, tourism and economy and this research shows the majority of Scots agree the language has many benefits.

"Such a strong swell of support for Gaelic from across the country, not just in the Gaelic-speaking heartlands, is very encouraging and just reward for the efforts of those who are working hard to ensure it remains a part of modern Scotland.

"The questions specific to education also have interesting results with high levels of support for teaching Gaelic as a subject, and even greater support for the introduction of Scottish studies as a subject.

"The Scottish Government is committed to developing a distinct strand of learning that focuses on Scottish history literature, languages, and culture and I will be chairing a working group on the issue in the next few weeks.

"We now have a clear, up-to-date picture on Gaelic's role in 2011 and I will be working closely with Bòrd na Gàidhlig, Education Scotland and other key bodies on harnessing these findings to ensure Gaelic continues to thrive."

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair) Arthur Cormack added:

"This research reconfirms the results of previous surveys. Each time the public has been asked, the majority support the maintenance of the Gaelic language and recognise the need for greater access to learning the language. The public has also been consistent in its desire that Scotland does not lose its Gaelic identity and Bòrd na Gàidhlig - through the delivery of the National Plan for Gaelic and other measures - will continue to promote Gaelic as a language for the whole of Scotland."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



"In practice, this means making Gaelic accessible to anyone who wishes to learn the language in or out of school, appreciate Gaelic through the arts and media or use Gaelic in the home and community. Local authorities and public bodies in Scotland have a key role to play, with the assistance of Bòrd na Gàidhlig where necessary, in ensuring that Gaelic thrives anywhere in Scotland where there is a desire to learn or use the language."

Gaelic learner David Sutherland said:

"The Gaelic Ulpan course provided for council employees by Glasgow City Council has been a fun and yet very effective way to learn what is perceived to be a very difficult language.

"The majority of colleagues had no previous knowledge of Gaelic and it has been amazing to see how quickly the course has got them both speaking and understanding what others are saying in such a short space of time. It has been of incredible value, helping cement what I had been taught in grammar classes as well as learning pronunciation, new vocabulary and giving confidence in speaking."

Research shows that investment in Gaelic is delivering economic benefits for the whole of Scotland. As well as enhancing our global reputation for culture and creativity, it is creating employment opportunities in all parts of the country and helping to revitalise our rural communities.

For example:

288 FTE jobs, £7.9m of employee income and over £12m of gross value added from funding MG Alba £2 million in direct and £1 million in indirect expenditure from the Royal National Mod. The latest exam results showed an increase in the number of entries for Higher Gaelic to 116 with pass rates across various levels around 80 per cent. This was also the first time that any Higher qualification has been offered in the medium of Gaelic. Eleven candidates from the Glasgow Gaelic School took Higher mathematics in the medium of Gaelic whereby all questions were posed in the Gaelic language with a 90.9 per cent pass rate.

The Scottish Government's innovative Engage for Education site allows users to read blogs from Ministers, post comments and get involved in workshops on issues relating to education.